

Blair. 422.

‘CREIDIMH ANN AN DIA,’

NA

‘MAR A BHA MI AIR MO THARRUINN
A DH-IONNSUIDH DHE, AGUS AIR
MO THOIRT GU DUNADH RIS
TRE CHREIDIMH,’

CAIBIDEAL

O EACHDRAIDH BEATHA,

AN

Urr. SEUMAS FRISEAL, Braighe,

Ann A.D. 1659.

[EADAR-THEANGAICHTE LE CATHUL CARR.]



INVERNESS: MELVEN BROTHERS.

1889.

MEMOIRS OF THE LIFE
OF THE
VERY REV. MR JAMES FRASER, OF BREA,
MINISTER OF THE GOSPEL AT CULROSS.

(Written by Himself.)

"Eminent characters, in a parish comparatively so remote and obscure, may scarcely be expected; yet they are not entirely wanting, though their honour was not that which "is of this world." Mr James Fraser of Brea, whose memoirs present us with a simple but vivid sketch of a mind deeply imbued with vital piety, and the force of truth, and which are already so well known to the religious world, was a native of this parish, and the only son of Sir James Fraser of Brea, one of the heritors, and third son of Hugh, seventh Lord Lovat. The house in which he was born in 1639 is still standing, and is occupied at present by a tenant on the estate of Newhall. Several passages of Scripture are carved, in capital letters, on the west gable. This eminent man, from his earliest years almost to the close of his well-spent life, was the object of human malice and persecution, in no ordinary measure."—*Extract from New Statistical Account of Scotland, by Rev. Donald Sage, Resolis, 1841.*

"The frequent references by Dr Whyte in his Bunyan lectures to Fraser of Brea must have awakened a lively interest in that old Scottish evangelist in the minds of many readers to whom he is otherwise unknown; and to all such we would recommend the account of Fraser that is given in the series of papers on "The Religion of the Highlands" at present appearing in the *Original Secession Magazine*, one of the best of all the denominational monthlies. It is not surprising that Fraser's preaching was attended by much blessing when we learn that he never preached to others but what he had some experience of in his own spirit. Like his favourite Shepherd, he had always derived some spiritual benefit from his discourses before he delivered them to his people. He never gave a mark or sign of grace but what he found in himself, and he never started or attempted to loose a doubt but by such means as the Lord had solved it to himself."—*From Christian Leader, March, 1889.*

"And now, brethren, we have come to the last of our prayer-meetings for this season. Before closing, therefore, I would recommend a few books to have lying on the table beside you that you may keep in mind these prayer-meetings, and perhaps, too, that you may remember me in your prayers. The deep religious books will come back again and lie on our tables as they lay on our fathers'. Let one of these be Jonathan Edwards's *Religious Affections*. He was at the top of mankind—a man of magnificent intellect and seraphic heart. It is a book for a lifetime. Next, the *Parable of the Ten Virgins* by Thomas Shepherd, who was one of the best scholars of England, and founded a college in America that remains to this day. As regards its get-up it is a most disorderly book, but it is nevertheless a golden piece. Then there is Richard Baxter's *Saints' Rest*, of which you have heard your mothers speak. I was glad to learn from my friend Mr M'Neill that when he was a boy he had to read it to his father. Breed your boy on good books. A golden book is the *Saints' Rest*. Our own Thomas Boston, too—his *Autobiography* I mean. And Fraser of Brea, the old prisoner of the Bass Rock, Halyburton's *Memoirs*, and Bunyan's *Pilgrim's Progress* and *Grace Abounding*. I am not treating you as Sabbath-school children in recommending these. They are unpopular because they are intellectual and for thinking men and women. Take one of the smallest with you when you go on a journey, or a visit, that you may have support in the practice of experimental religion. As you read them your soul will be lifted up on the arms of God's grace and mercy, and if death comes suddenly to you I should be delighted to see some of these on your pillow. Oh! how horrified I am at the books I sometimes see lying on the pillow of a deathbed! I would bury you with hope if I saw some one of the books I have recommended lying on your dying pillow. May God make you all in His own way meet for the inheritance of the saints in light!"—Dr Whyte, in *Free St George's, Edinburgh*, from *Christian Leader*, April 4, 1889.

INVERNESS AND NAIRN: MELVEN BROTHERS.

LIBRARY
D
30
1953
MY



'MAR A BHA MI AIR MO THARRUINN A DH-IONN-SUIDH DHE, AGUS AIR MO THOIRT GU DUNADH RIS TRE CHREIDIMH,'

LEIS

An Urr. SEUMAS FRISEAL, Braighe.
1659.

AIR son ni sam bith a b' urrainn dhomh fhòghlum na fhaotainn mach mu mo dheighinn féin bha sìol nan gràs is a chreidimh agam roimhe so; ach fathast bha mi beò na 's mò tre fhaireachdainn na tòr dhòigh eile, agus uime sin thuit is dh' éirich mi mar a bha faireachdainn shuas na shìos, agus air an dòigh so cha d' thàinig mi gu fois sam bith, mar thonn air a luasgadh suas is sìos. Agus mar so air do 'n Tighearn rùn bhi aig' mo shocrachadh dh' fhuadaich E mi o'n fhair-rachdainn, agus thug E mi gu slighe na 's ro-birdheirce fhòghlum, eadhon a bhi beò tre chreidimh. B'aithne dhomh gu robh ann suaimhneas air nach robh agam-sa ach beag eòlas; a mhàin shaoil leam gu robh e 'na staid mhaireannaich de shòlas is de bheatha,

anns am buaidhaicheadh an Spiorad chaoidh tuilleadh a'n aghaidh na feòla, agus anns am bitheadh na h-uile ghnìomharan fìorughlan agus neo-shalach. Agus ann an so mar na h-Iudhaich is na deisciobluibh bhruadair mi mu fhlaitheanas air thalamh, ged nach ann mu rioghachd thalmhaidh. Ach sin b'e da rìreadh mo shuaimhneas, a dh-ionnsuidh an d'théid an ti a chreideas a stigh, cho do rinn mi uiread as bruadar uime: oir shaoil leam gu 'm b'e creidimh mòr-aoibhneas ro-ion-gantach air chor-eigin, is a bhi 'faicinn Chriosd le mòr dhealradh is ghlòire. Shaoil leam gu 'm b'e so creidimh, na stéidh a' chreidimh. Ach thàinig an Tighearn anns a "ghuth chiùin," agus dh'fhàs Criosd suas mar "fhailean á talamh tioram," Luc. xvii. 20; Sech. iv. 6. Agus gu cinnteach bha bunait an dara teampuill so gu ro-fhada gèarr air glòir seallaidh sin a' cheud teampuill. O cho mi-thuigseach as a bha mi! Bha e na bu lugha 'nam smuaintean-sa do bhrìgh gu 'm bitheadh a leithid a dh-anam marbh, dall, feòlmhor, peacach air a ghairm gu creidsinn is gu taiceachadh gu muinighinneach air Criosd, agus sin gun chomharadh 'san bith o nèamh, ach a mhàin air urras 'Fhocail anns an Sgriobtuir. An t-slighe agus an dòigh aige so, mar as cuimhne leam, cuiream sìos ann an òrdugh; ni a b'e an deicheamh agus an ceum mu dheireadh 'nam leigheas.

1. Uime sin, air dhomh bhi gun fhois 'sam

bith fhaotainn ann a bhi gnàthachadh féin-striochdad, air son nan aobhairean as cionn so, is roi'ainmichte, thòisich mi air bhi ro mhuladach is tursach, is mar charbadan Pharaoh air bhi air mo tharruinn gu trom. Bhuanach mi ann am frithealadh na meadhonan; agus aon là air dhomh bhi leughadh mar bu ghnàth leam, leugh mi na briathran so ann an Hag. ii. 17, "Bhuail mi sibh ann an uile shaothair bhur làmh, gidheadh cha do phill sibh rium-sa, deir an Tighearn." Cho-chuir mi so rium féin gu spioradail; 's e sin, smuainich mi, bhuaile Dia mi a' m' shaothairean, is dhleasnasan, is rùintean, is bhòidean, agus air son so uile cha do phill mi ris an Tighearn. Ach cia anns nach eil mi air mo philleadh? Cia anns am pill mi? Cionnus so? Nach d'fhàg mi mo pheacaidhean, nach do ghuidh, nach do leugh, nach do bheachdsmuainich mi? Ciod a dh'fhàgar fathast r'a dheanadh? Ciod an dleasnas na am meadhon a ta mi 'dearmad? Ciod an t-saothair ann am chumhachd chum mi air a h-ais? Uime sin leag mi mo shùilean air na h-uile dhleasnasan. Agus am feadh 's a bha mi mar so a' rannsachadh għluaiseadu gu beannaichte a' m' aire gu 'n do dhearmad mi ré m' uile làithean an dleasnas a bhi creidsinn, agus nach do phill mi ri Dia tre chreidimh, agus uime sin gus an dean thu so leanaidh Dia r' i 'bhi 'gad 'bhualadh ann an uile shaothairean do làmh, oir "as eugmhais

creidimh cha 'n eil e'n comas Dia thoileachadh." Agus is e bhi dh-easbhuidh so, is so a mhàin, a mhill thu 'na t'uile oidheirpean. Creidimh, arsa mise fo ioghnadh, Ciod e so? Ciod, mise 'creidsinn, a ta cho mi-riaghailteach, cho mi-ullaichte, cho marbh, aig am bheil cho beag meas air Criod? Ni h-urrainn e bhi; Thighearn, a nis cum o mhealladh. Seadh, Creidimh, mu 'm bheil air labhairt uiread anns an Sgriobtuir, is mu 'n aithne dhuit-sa cho beag, is e sin am priomh ghràs, ars' an Spiorad. Rinn na nithean so mi ann an dòigh éigin mothachail air a' chùis.

2. Uime sin, anns an dara h-àite, bha mi air mo thoirt gus a' chùis a rannsachadh, is fhuair mi gu robh aig Creidimh àite mòr anns an Diadhachd; agus maille ri so, sealltuinn orm féin, fhuair mi gu 'n do chleachd mi e glé bheag, agus gu robh mi cho aineolach air as bha na deisciobluibh ud (Gníomh. xix. 1, 2) air eòlas an Spioraid Naoimh. Cha b'aithne dhomh ciod a bh'ann, ni mo chleachd mi e roimhe so, nan cual mi uime gu puincail na gu soilleir, ni h-eadh, cha b'aithne dhomh gu 'm b'e mo dhleas-nas e; oir lean an droch bheachd so rium, eadhon: shaoil leam nach buineadh do aon creidsinn ach do mhuinnitir a bha mar so 's mar sin air an deanadh freagarrach, agus gu 'm b'e stéidhsan foillseachadh éigin do ghìoranns na faireachdainn, ni gus am faighinn,

shaoil leam, bha mise gu laidh 'nam phrìosan
is gu 'bhi fo bhròn, Eoin xvi. 9.

3. Dhearrbh an Tighearn dhomh gu soilleir
gu 'm buineadh dhomh creidsinn, is gu 'm
b'e dleasnas gach aon e. Oir, mar thubhairt
mi cheana, shaoil leam-sa gu 'm b' ann do
mhuinntir mar so 's mar sin air an deanadh
freagarrach a bhuineadh creidsinn; ach rinn
an Tighearn tròcaireach E fein an t-snam so
fhuasgladh, tre mo ghairm thuige, a' dearbh-
adh dhomh gu 'm b'e mo dhleasnas deanadh
mar so. Is tre so bha na slabhruidhean leis
an do cheangladh mi ré ùine fhada le Satan,
is leis an do chumadh mi o bhi gu soilleir a'
cleachdadh creidimh, is a' caitheadh beatha
chreidimh, air am briseadh. Agus is e so an
ni a ta iongantach,—chuala mi na ceudan uair
ann an searmoinean e air a sparradh a bhi a'
creidsinn, is fathast gus an là sin riamh cha
do ghabh mi thugam gu 'm b'e mo dhleasnas
creidsinn, ni mo thug mi aire 'sam bith do 'n
chleachdamh sin riamh. Na h-aobhairean
leis an do dhearbhadh orm an uair sin a bhi
'creidsinn, na gu 'm b'e a bhi 'creidsinn mo
dhleasnas, seadh, is gu 'm buineadh do na
h-uile a bhi 'creidsinn, ni a b'e a' cheud
phuinc, b'iad so iad: Air tùs, an Sgriobtuir
sin 1 Eoin iii. 23, "Is i so àithne-san gu 'n
creidibh sibh ann an ainm Mhic Dhé." Ma
ta tha e air àithneadh, cho-dhùin mi. Is
c'arson nach eil e na dhleasnas? Ni h-eadh,
nach e an àithne mhòr? Am bheil thu cuir

ann an teagamh gu 'r e ùrnuigh do dhleasnas? Gu deimhin is e do dhleasnas, do bhrigh gu 'm bheil e air àithneadh. Ma ta tha creidimh, na a bhi 'gabhall ri Criosd, air dha bhi mar an ceudna air aìthneadh, na dhleasnas dhuit cho cinnteach ris an ùrnuigh. 'San dara h-àite, tha e air àithneadh do dhaoine neo-athghinte creidsinn; agus is i an dleasnas mhòr, na 's feàrr le Dia, is na 's taitniche leis na h-aon as urrainn dhuit-sa choimhlionadh, Eoin vi. 29, "Ciod i obair Dhè chum as gu'n oibrich sinn i?" Bha'm freagairt, ear. 29, fad an aghaidh an dùil is an smuaintean, "Is i so obair Dhé, gu'n creid sibh anns an ti a chuir E uaith;" is i so a' cheud is a' mhòr àithne, agus àithne a' ceangal cuspairean gun ghràs mar a bha na h-Iudhaich. 'San treas àite, thugadh an Sgriobtuir sin gu m' inntinn, Rom. iv. 20, "tre a bhi creidsinn ghlòiraich Abraham Dia," air a choimeas ri Aireamh xx. 12, "a chionn nach do chreid sibh, chum m'ainm-sa naomhachadh a'n làthair an t-sluaigh so, uime sin cha toir sibhse an sluagh so steach do thìr a' gheallaidd." Nis a' faicinn gu 'm bheil a bhi 'creidsinn a' glòrachadh Dhé, tha thu air do dhunadh stigh ris; oir tha e mar fhiachaibh air gach duine Dia a ghlòrachadh. Cò a ta cuir so ann an teagamh? Nis, tha a bhi 'creidsinn a' glorachadh Dhé, ann a bhi 'g aideachadh a chumhachd, is a mhaitheas, is a ghràs saoibhir. 'Sa' cheathramh àite, theann-

chleachd an Spiorad an argumaid so, tha peanas air a dheanadh air na h-aingidh do bhrìgh nach eil iad a' creidsinn, uime sin is e an dleasnas creidsinn. Faic Salm lxxviii. 32, 33, "Chaith E an làithean ann an diomhanas, do bhrìgh nach do chreid iad airsan," is air an dòigh sin ni E riut-sa mur creid thu. 'Sa' chuigeamh àite bha so air a dhearbhadh dhomh leis a' cheud Sgriobtuir, is le guthan freasdalean àraidh. Ciod eile a b'urrainn dhomh ràdh ri mo rùintean a bhi air an sìor mhilleadh, is ri mo shaothairean mi-tharbhach, ach gairm do m'ionnsuidh mi a dhearbhadh ciod a b'urrainn so a dheanadh? Chaitheadh mo làithean, is uime sin le mo bhuelle dh' fheudainn mo pheacadh a leughadh.

4. Air do'n Tighearn fheuchainn is a dhearbhadh dhomh gu 'm b'e mo dhleasnas creidsinn, is air dha a' chlach so charachadh o'n uaigh, dh'imich E anns an ath àite gu freagairt a thoirt do m' fhàth-ghearin ioma-hillteach, a bha aig an àm sin a' toiseachadh air tional agus 'gam chumail o chreidsinn. B' iad so iad gu h-àraidh:—air tùs, Cha 'n urrainn dhomh creidsinn; agus uime sin c' arson a ta mi air mo ghairm gu creidsinn? Is e tiодhlaic Dhé e, is c' arson a dhealbhainnsa creidimh mach às mo chridhe féin? Cha téid gabhail ri so. Bha e air a fhreagairt tha 'n Tighearn, ann a bhi mar so 'g a d' tharruinn is 'g a d' chuireadh, a' toirt cumhachd duit gu 'thighinn, mar a bha E 'n

uair a ghairm E Lasarus, a bha marbh, 'bhi
 beò is a thighinn a mach. Agus a thuilleadh,
 cha 'n urrainn dhuitsa Sàbaid a' naomhach-
 adh, na ùrnuigh a dheanadh, gidheadh is iad
 so do dhleasnas, is a ta thu 'g an cuairteach-
 adh mar as urrainn dhuit. Mar sin dean
 ann an so. Seadh dhasan 'tha sgith is luch-
 daichte, is air a ghairm mar so, cha 'n 'eil e
 eu-comasach. B'e an dara fàth-ghearin,
 Is eagal leam gu 'm feud mi 'bhi 'cleachdad
 dànanadis. Fhreagaireadh, cha dànanadas idir
 'bhi a' creidsinn ann an umhlachd do àithne.
 'Nuair a ghabhas tusa ri Criod, agus ann an
 sin a chreideas tu Air, is shocraicheas tu
 Air air son maitheanais, air da so 'bhi 'na
 umhlachd cha 'n urrainn dha bhi 'na
 dhànanadas, oir cha dànanadas idir a bhi 'toirt
 umhlachd do Dhia. A bhi 'creidsinn gun
 ghairm is dànanadas agus ni neo-cheadaichte
 sin. An treas fàth-ghearin, cha 'n 'eil mi
 air m' iriosalachadh gu leòir, tha mo chridhe
 marbh is cruidh, agus tha mi gu léir neo-
 mhothachail air mo staid, agus uime sin cia
 mar as urrainn dhomh 'bhi air mo ghairm
 gu creidsinn? Oir is e iadsan a ta "sgìth
 agus fuidh throm uallaich" a ta air an gairm
 gu 'thighinn. Is e gairm agus àithne Dhé,
 is tairgsean an t-Soisgeil 'tha 'toirt còir' agus
 cha 'n e freagarrachd 'sam bith. Agus a
 thuilleadh, leugh mi ann an leabhar Mhr.
 Grè aig an àm cheudna gu'r h-e iadsan tha
 sgìth is fo throm uallaich muinntir leis an

àill teachd, is cha 'n e muinntir aig am bheil
 còir air teachd. Tha thusa truagh, is lom-
 nochd, is mi-riaghailteach. Tha e gu léir
 fior. Ach cia mar as urrainn e bhi air
 dhòigh eile 'nuair bha thu beò cho fada o
 Chriosd is e tobar na beatha? 'Nan creid-
 eadh tusa bheireadh Esan dhuit sin tha
 dh-uireasbhuidh ort. Cha 'n 'eil dòigh eile
 air faotainn beatha ach tre bhi 'tighinn d' a
 ionnsuidh-san, Eoin v. 40. An Ceathramh
 fàth-ghearin, ach cha 'n urrainn meas 'bhi
 agam air Criosd ni mò tha mi ullaichte.
 Fhreagaireadh mar 'tha creidimh a' faotainn
 na h-uile ni Uaith-san, eadhon mar so tha e
 'faotainn a bhi meas Chriosd mar an ceudna.
 Oir ma gheibh creidimh na h-uile ni o Chriosd,
 rìs cha tabhair e ni a dh-ionnsuidh Chriosd
 ach marbhantachd, is doille, is peacaidheachd.
 Thig d' a ionnsuidh air son gràis gu 'bhi 'ga
 mheas. Nan creideadh tu aon uair, ann an
 sin bhitheadh Criosd luachmhor dhuit, 1
 Pead. ii. 7. Is e falamhachd an fhreagair-
 achd a's feàrr. "Tha E liònadh an dream a
 tha ocrach le nithean maithe, ach 'ta E 'cur
 uaithe nan daoine saoibhir falamh." Cha 'n
 'eil tuilleadh air agairt ort, seach 'na tha 'g a
 do dheanadh deònach gu gabhail Ris-san.
 Uime sin ma tha thu deònach gabhail ri
 Criosd tha thu 'g a mheas gu leòir. An
 cuigeamh fàth-ghearin, cha 'n 'eil thu 'faot-
 ainn cumhachd glòrmhor 'g a do tharruinn.
 Fhreagaireadh, gidheadh tha mi 'faotainn an

Tighearn 'na Fhocal da rìreadh 'g a mo ghairm. Agus tha so'na bhonn cho foghaint-each dhuit as ged 'thigeadh E gu pearsannta is gu faicsinneach 'an so, a guidheadh so ort. Agus uime sin dean a nis mar dheanadh tu 'san uair sin. Is e Fhocal-san am "Focal faidheadaireachd a's cinntiche"—na 's cinntiche na 'm focal a thàinig a nìos o nèamh. An sèathamh fàth-ghearain, ach cha 'n 'eil mi 'faotainn maith air bith an dèigh dhomh creidsinn. Fhreagaireadh, ni mò 'tha naoimh an toiseach, "an ceann dà là thig E is ni E ar n-ath-bheòthachadh," Hos. vi. 2. Cha 'n ann tre bhi 'tighinn d'a ionnsuidh ach tre bhi "fantuinn Ann" tha toradh air a thoirt mach. Tha mi 'g aideachadh, tre bhi 'freagairt nam fàth-ghearain so, is tre argumaid-ean eile, gu 'n d' rinn an Tighearn gu mothachail is gu tràthail, agus le làimh làdir, mo thoirt gu bhi 'faicinn gu 'm b'e mo dhleasnas creidsinn. Och an gabh E ri cnuimheig thruaillidh mar a ta mise! Seadh, 's E 'ghabhas, oir is tu an neach as freagarraiche 'san t-saoghal gu Esan 'bhi 'glòrachadh a ghràis ort. Lean an Tighearn mi daonnaн leis na smuaintean so. Seadh fhuair mi cumhachd mothachail a' déligeadh riùm.

5. Cha 'n e mhàin gu 'n do tharruinn an Tighearn mi gu bhi co-dhùnnadh gu 'm b'e a bhi 'creidsinn mo dhleasnas, is gu 'n do fhreagair E m' fhàth-ghearain, ach tre

argumaidean eile bhrosnaich E mi gu bhi cuairteachadh an dleasnais sin, a bhi 'creidsinn is a bhi dùnadhbh ri Criod. B' iad so na h-aobhairean àraidh brosnachaoidh:—air tùs, Nach 'eil thu 'faicinn cho dùrachdach as tha Dia riut? Tha E 'ga t-àithneadh, 'ga do chuireadh, 'ga do bhagradh. Fadheòidh tha E air fosgladh do shùilean dalla gu 'bhi 'faicinn do dhleasnas. Dh' fhuasgail E t' uile fhàth-ghearin, agus a nis dh'fheith E ort ré na h-ùine fhada so. O fosgail fadheòidh, agus géill d' a chuireadh-san, Taisb. iii. 20. 'San dara h-àite, bitheadh fhios agad mur freagair thusa is sin gu h-aithghearr gu 'm falbh Dia is gu 'm fàg E thu, agus cha bhi ann tuilleadh bualaidh, ach bàsaichidh an obair so gu léir is cha bhi thu chaoindh air t-iompachadh, Gnàth i. 24-33. 'San treas àite, cha 'n 'eil ni cho taitneach aig Dia ri 'bhi 'creidsinn. Feuch cia mar a ta na h-ainglean dòchasach is dùrachdach 'nan cridheachan gu 'm feud a nis ceangal bhi deanta, Luc xv. 7, agus ii. 13. Taitnidh so ris an Tighearn air son gach cron a rinn thusa 'na aghaidh. Cha bhi ni as urrainn thusa 'dheanadh cho taitneach do Dha, oir is e so crìoch nan uile fhrithealan agus an àithne mhòr. A nis dean coimhleasachadh air son na h-uile ni a rinn thu, Eoin vi. 28. 'Sa' cheathramh àite, beachdaich air an dleasnas féin—is e a bhi 'toirt do chridhe do Criod, is a bhi 'ga fhaotainn-sa, is a bhi

'creidsinn Ann. An robh Esan aig 'leithid a shaothair as gu 'n d' thug E air falbh d'fhireantachd bhreun-sa, agus gu 'm bheil E nis a tighinn is 'ga thairgsinn Féin duit, a' guidheadh ort Esan a ghràdhachadh, agus a' fuasgladh t' uile fhàth-ghearin? O! na cuir ann an neo-shuim an t-slàinte mhòr so. Cuir ann an neo-shuim dleasnas 'sam bith ach na saltair air gràdh. Is e gràdh air son gràidh an ni a 's lugha 'ghabhas 'bhi air a toirt, Eabh. ii. 3. 'Sa' chuigeamh àite, "as eug-mhais creidimh cha 'n 'eil e'n comas Dia thoileachadh." Tha a bhi ri ùrnuigh, na 'fulang, na 'deanadh ni 'sam bith as àill leat, uile 'nan gràineilachd mur 'eil iad ann an creidimh. Cha taitneach leam ni air bith ma tha so a dh-easbhuidh, deir an Tighearn, Eabh. xi. 6. 'S an t-seàthamh àite, is e am peanas a 's goirte eas-creidimh leanmhuijnach, agus uime sin ma dhiùltas tu an tairgse so, cha bhi do pheacaidhean uile, is do thoibheum, is do bhriseadh Sàbaid, ach mar ni faoin ann an coimeas ri so, Gníomh. xiii. 41. Bithidh e na 's so-iomchaire do Shodom is do Ghomorrah na dhuit-sa. B' fhèarr 'bhi gun ùrnuigh riamh a dheanadh, ach a bhi bò mar neo-creideach mi-naomh, na 'thighinn an fhad so, agus ann an sin stad. Falbhaidh Dia uait a dh-aithghearr agus théid thusa air seacharan is crìonaidh tu, agus bithidh e 'na iongantas ro-mhòr mur peacaich thu am peacadh sin an aghaidh an Spioraid Naoimh,

Eabh. vi. 6, oir cha robh thu riamh air do shoillseachadh gus a nis. Diùlt a nis is leig leis a bhlàthas so fuarachadh, agus feudaidh tu bhi air do chruadhachadh. 'S an t-seachd-amh àite, beachdaich a nis nan robh Criod a nis 'na do sheòmar ag iarraidh 's a' guidheadh ort le deuraibh 'na shùilibh thu a ghabhail Ris-san, agus 'ga thairgsinn Féin duit, ag ràdh, O, thusa a 's truaighe am measg pheacach, leis na doilghiosan sin uile a dh-fhuiling mi air do shon-sa tha mi a' cur mar fhiachan ort nach cràidh thu Mi na 's mò le do mhi-chreidimh, ach gu 'n gabh thu Rium-sa is ri Mo thairgsinn agus mur sin gu 'n glòraich thu Mo ghràs. Nach deanadh tu e is sin cuideachd fo ioghnadh air son a ghràidh so? O tha Criod 'ga dheanadh a' cheart a cho cinnteach a nis, Rom. x. 8, "Tha 'm Focal am fagus duit, ann do bheul, agus ann do chridhe." 'S an ochdamh àite, beachdaich air na gheibh thu leis a so. Gheibh thu beatha, solus, suaimhneas, is sòlas. Agus sin a bha thu ann an dìomhain a' sireadh le d'fhéin-fhireantachd gheibh thu tre chreidimh. Ni h-eadh, bithidh tu comasach air nithean do-chomasach oibreachadh. Bitidh do chridhe marbh beò. Chi do shùilean dalla Esan. Leumaidh do chasan bacach. Oibrichidh do làmhan anmhunn. Agus tre an dòigh so a mhàin bithidh sìth agad. Leis na h-argumaidean so, is le'n leithid rinn an Tighearn mo dhlùth-thàladh ris Féin.

6. Le freasdalean freagarrach neartaich an Tighearn gairm Fhocaill air mo spiorad, oir air là iriosalachaidh uaignaich leugh mi, mar bu ghnàth leam, ann an Eabh. xi., agus ann an ceud litir Pheadair, far am bheil uiread air ràdh mu chreidimh. Rinn an Tighearn mar an ceudna “Shepherd air a’ Chreideach Fhallain” feumail dhomh—ni gus a nis a chunnaic mi nach do thuig mi riamh. Rithist bha gach Sgriobtuir a’ deiligeadh ri creidimh, agus gach sgrìobhadh a’ labhairt uime, agus gach beachd-smuain air, milis—ni a nis a thoòsich mi ri bhi tuigsinn ann an tomhas. Bha mi nis air tighinn mar gu ’m b’ eadh a dh-ionnsuidh saoghal nuadh, agus bha leithid a ghluasad air mo spiorad as nach d’ffhairich mi riamh roimhe. Gu deònach chreidinn ach ochoin cha b’urrainn mi! Fhuair mi spiorad bacaidh. Bha doille air mo shùilean. Cha b’ aithne dhomh ciod e a bhi ’creidsinn na cò air a chreidinn. Air an aon làimh bha ’n Tighearn le àitheantan, aobhairean brosnachaidh, cuiridhean dùr-achdach is dìleas, geallaidhean, agus freagairt fàth-ghearin, seadh agus le bagraidhean uamhasach an aghaidh eascreidimh g’ a m’ ghreasadh is ’g a m’ theannadh air aghairt, agus sin gu cabhagach—oir bha na h-uile dorus dùinte ach dorus a chreidimh. Oir cha b’ urrainn dhomh ùrnuigh na ni ’sam bith a dheanadh, air son a pheacaidh an uair a bha mi gun chreidimh, agus uime sin

dh' fheumainn so 'bhi agam mar mo cheud obair. Air an làimh eile rinn aineolas air Criod is air dleasnas a' chreidimh, agus eagal dànadais, agus creidimh 'na mo neart féin mo chasadhs suas agus sios mar spitheig. Cha b' aithne dhomh ciod a dheanainn, ach mar leanabh maoth stad mi anns a' bhreith. O, arsa mi, cia mar as urrainn dhomh creid-sinn. "A Thighearn, cuidich thusa le mo mhi - chreidimh," agus gabb truas riùm. Thusa a bha cho mìorbhuileach maille riùm troimh an fhàsach mhòr agus uamhasach, agus a thug mi eadhon gu crìochan na tire mhaith, O cuidich ann an so. Aig uairean shaoilinn gu 'm b'fhèarr ged nach robh mi riamic air thighinn an fhad so. B'e m'fhàth-ghearin a bu mhò nach fhaca mi glòir Chriosd. Agus ged chreidinn fathast gun so cha bhitheadh e na chreidsinn éifeachdach agus mar sin cha dhearbhadh e e féin ach na chreidimh marbh. Agus mar an ceudna cha b' aithne dhomh ciod e creidimh. Ma ta, ars' an Tighearn, dean ach earbsadh ann an Criod air son beatha agus aigneadh le ni eigin do dhearbh-chinnte gu 'n cuidich E leat, agus cha 'n iarr mi 'n còir. Ann an so agus chum so fhuair mi beagan neart agus ann an sin dh' fheuch mi rìs, is thubhairt mi, feuch tha mi teachd a d-ionnsuidh, Thighearn; na tilg Thusa air falbh mi. Ach thubhairt an Tighearn, thig cha'n e mhàin a dh' fhaicinn ciod a ni Criod riut ach mar an

ceudna gu socrachadh air is gu chreidsinn as a mhaitheas gu 'n dean E na h-uile ni tha 'dh-uireasbhuidh ort. Ma ta rìs, fhreagair mo chridhe, do bhrìgh gu 'r h-ann mar sin a ta e bheir mi ionnsuidh agus tilgeam Ortsa mi fein, thigeadh dheth an ni as àill. Agus gu deimhin sin a sheall 'nam shaothair ro-dhùrachdaich mar bheachd a' chreidimh tre 'n do dhùn mi ri Criod b'e seòrsa éigin de mhuinighinn is de shocrachadh air a bha agam gu 'n deanadh an Tighearn maith dhomh, agus gu 'n cuidicheadh E leam anns na h-uile ni. Agus b'e a ni mòr a sparradh orm gun mi chuir teagamh ann an Criod gu h-àraidh 'n a dheadh thoil—ni ann an tomhas anns an do shocraich mi.

7. Bha mi an déigh sin na 's daingnichte anns a' bheachd so, oir lean mi anns an staid so air son ceithir là deug, gu mòr an déigh aon dòigh, gidheadh sealltuinn air son ni éigin mòr ach cha d' fhuair mi ni. Ann an sin thàinig am fàth-ghearan nuadh so stigh: —Ged b'e mo dhleasnas creidsinn fathast nan robh mi air creidsinn da rìreadh bhitheadh ni éigin 'g a leanmhuinn. Ach O! Cha 'n fhaigh mi ni 'sam bith an déigh dhomh dùnadhbh Ris. Cinnteach gu 'n do leag mi m' fheadain uisge géarr air an tobair. Tha mi cho dall, is cho marbh, is cho minnaomh as bha mi riamh. Racham a dh-ionnsuidh mo phrìosain a rithist gus an tig Criod E Féin is gu 'n saor E mi le làimh

làidir. Oir tha e mar gu 'n d' thàinig mise
 mach gun bharantas, agus mar so chaill mi
 mo mhisneachd agus spòn mi na freumhan
 is thilg mi sìos na bunaitean a rithist. Ach
 rinn an Tighearn le focal freagarrach o Mhr.
 Shepherd mo dheanadh réidh ris an fhàth-
 ghearin so, a' nochdadhl gu 'm feud anam
 a thighinn a dh-ionnsuidh Chriosd agus
 fathast air tùs gun ni fhaotainn. Agus rìs,
 ars' esan, an dearbh aobhar—falamhachd—a
 għluais thu a dh-ionnsuidh Chriosd cumadh
 an t-aobhar ceudna thu maille ri Criosd.
 Agus tha e tric le pobull an Tighearn nach
 faigh iad ni air tùs, Hos. vi. I, “Pilleamaid
 ris an Tighearn, oir ni E ar leigheas.” Och,
 ars' iadsan, cha d'fhuair sinn ni. Cha 'n 'eil
 sinn a' faotainn aon chuid leigheas na beatha.
 Ni h-eadh, ars' esan, ged air a' cheud là nach
 faigh sibh ni, na air an ath là, fathast “an
 ceann dà là ni E ar n-ath-bheòthachadh agus
 air an treas là seasaidh sinn suas na sheall-
 adh.” Shlànuich so an lot ann an tomhas,
 ach rinn nuadh eagalan dànanadais is glacaidh
 greim air breug, maille ri faireachdainn air
 neo-airidheachd, agus a' creidsinn 'na mo
 neart féin, na bunaitean, mar le gaillioinn
 ghairbh, a thilgeadh sìos, gus an d' thubhairt
 mi tre frionas, eagal, mi-chreidimh, agus mi-
 fhoighidinn, siubhlm do m' phrìosan a
 rithist, togaidh mi suas m' acair a rithist,
 agus uime sin shonraich mi gu 'n deanainn
 gearan gruamach is cudthromach ri Dia.

Ach tràth bha mi 'dol air mo ghlùinean, mu 'n d' thubhairt mi focal ris an Tighearn, thàinig ri m' aire mar so:—Am bheil thu saoilsinn tràth tha thu diùlteadh Mo Mhic, is nach earb thu Ann, gu 'n gabhainn-sa chaoidh ri do ghearrain na do bhròin? Nach 'eil gach ni nach 'eil air a dheanadh ann an creidimh na ghràineileachd? Is maith a dh' fhaodas tu 'shaoilsinn gu'n toir thu an tuilleadh oilbheum do Dia le t' ùrnuigh, ach chaoidh na saoil gu 'n dean an Tighearn á so suas ni air do shon nuair nach 'eil creidimh agad; oir cha 'n 'eil Dia ag èisdeachd ri ùrnuighean sam bith ach ann an Criod. Chunnaic mi tre so gu robh e do-sheach-naichte a bhi 'creidsinn is a' deanadh sin a bha 'n a mo chomas. Ma ta, arsa mi, O Thighearn, o tha e mar so, gu'r h-éigin dhomh creidsinn an aghaidh faireachdainn is reusoin, agus mar as urrainn dhomh, tha mi ag earbsadh m' anam a Riut agus ann an dòchas gu 'n saor Thu mi o m' uile pheacaidhean; agus ged a dh' fhaodas so 'bhi air a mheas 'na dhànadas, gidheadh earbaidh mi Ann. Agus ann an so bha mi gu mòr air mo neartachadh o Job xiii. 15, “Ged mharbh E mi gidheadh earbaidh mi As.” Ged sheallas gach mi mar gu 'n glaodhadh iad a mach bi 'n eu-dòchas is bàsaich, agus ged air son mo dhànadais a mharbhadh E mi gidheadh earbaidh mi As. Agus a nis, Thighearn, o 'n cheangal mi an cùmhnant so

agus a dhùin mi Riutsa, cuir neart a' m' ionnsuidh cha'n ann air son ni'sam bith annam-sa, ach do bhrìgh gu'r h-e do sheirbhiseach-sa mi nis, chum as gu'n toir mi urram Dhuitsa, mo Mhaighstir.

8. Cha bu luaithe 'labhair mi na briathran so na dh' fhoillsich an Tighearn E féin is a ghràdh tre fhianuis mo thréibh dhireas 'na m' athchuinge sin, anns am faca mi, a' cur a thaoibh mo chùis féin, gu'n d-iarr mi gràs air son urraim a thoirt Dhasan, agus tre sheula so an Spioraid thàinig mi gu làn dhearbh-eachd le aoibhneas agus sìth. Cha'n'eil mi féineil, arsa mi, ann an iarraigd grais. Tha mi 'g a iarraigd air son aobhairean Chriosd chum urraim a thoirt Dha. Uime sin bha mi tréibh dhireach agus air mo chòmhnad gu creidsinn. Ann an sin bha mo shùilean air am fosgladh gu'bhi'faicinn graidh anns na h-uile dheiligean. O, bu bheachd cridhe-éigneachaidh so! An Tighearn a lean mi ré iomadh là sgiosail cha d'fhoisich E gus an do choimhlion E obair annam, agus an do cheangal E mi ri'bhi'creidsinn. O Gràdh Chriosd! Mar robh aig Chriosd cumhachd 'sam bith gu còmhnad a thoirt do pheacach bochd, ach gràdh aige, bhàsaicheadh E eadhon os a chionn, mar sin a ta' ghràdh.

9. Bha mi smuainachadh am b'e obair chumanta bha'n so, nan robh e'na ghràs tèarnaidh neo-chumanta. Agus tha mi air mo bhrosnachadh gu'bhi'creidsinn agus a'

smuainachadh gu'r h-e tha ann fior chreidimh
 tèarnaidh air na buinn a leanas:—Air tus,
 B'e creidimh e air oibreachadh leis an
 Tighearn E Féin, ged a bha e beag agus lag.
 B'e creidimh a dh' oibreachadh Dhé e, Eph.
 i. 19, 20, agus ii. 8; Col. ii. 12. Cha b' ann
 de m' oibreachadh na de mo shuidheachadh
 féin bha e. Agus cha saoil mi 'na dhànadadas
 sin air son an d' thug Esan dhomh barant a
 dheanadh, agus a rinn mi ann an umhlachd
 d' a àithne-san, no sin 'na mhealladh a dh-
 oibrich a Spiorad-san. 'San dara h-àite, bha
 e stéidhichte air an Fhocal, cha 'n ann air
 faireachdainn; ach air Focal àithne-san, Eph.
 ii. 28. Agus cha dànadadas idir creidsinn anns
 an ni tha Esan ag àithneadh. 'San treas
 àite, "Ghlan e an cridhe" agus thug e dhomh
 meas agus déidh air gràs agus thug e mi gu
 bhi déidheil air sin gu h-àraidh air son
 aobhairean Chriosd—chum urraim a thoirt
 Dha, Eph. i. 13; Gnìomh. xv. 9; 1 Eoin. iii.
 3. 'S a' cheathramh àite, Lòn e mi le
 "aoibhneas agus sìth," Rom. v. 2, 3, 4; 1
 Pead. i. 8, chum as gu robh mi lan thoilichte
 le mo staid, is gu 'n deachaidh mi troimh nan
 raointean a' seinn òrain buaidhe thairis air
 Satan. O, arsa mi, am faca mi riamh an là
 so, nan robh sùil agam 'fhaicinn? 'S a'
 chuigeamh àite, Bha mi air m' uidheam-
 achadh is air m' ullachadh air a shon, oir b'
 ann an déigh moran iriosalachaidh, uallach-
 aidh, agus sàrachaidh a bha e, Mat. xi. 28.

'San t-seathamh àite, neartaich e mi, oir dh-éigh mi mach, ciod a ni mi nis air son an Tighearn, a chual 'mo bhroin is m' amh-gharean? "B'e gàirdeachas so an Tighearn mo neart," Neh. viii. 10; Gnàth. xvii. 22. 'San t-seachdamh áite, Rinn e 'n Tighearn Iosa luachmhor. Bha mi air mo thoirt gu faicinn glòir, òirdheirceas, agus annsachd Ann-san. Agus tha e sin, a dh-àrdaicheas Criod, na chomharradh air creidimh fallain, 1 Pead. ii. 7.



